

Stiùireadh maoin Drochaid Chultarail



1. Cuideachadh le tagradh
2. Mun mhaoin
3. Cò a dh'fhaodas tagradh a dhèanamh?
4. Cò nach fhaod tagradh a dhèanamh?
5. Cia mheud a tha ri fhaotainn?
6. Cò air a ghabhas a' mhaoin a chleachdadh?
7. Cò air nach fhaodar tagradh a dhèanamh
8. Ciamar agus cuine a nithear tagradh?
9. Ciamar a thèid tagraidheana mheasadh?
10. A' lìonadh an fhoirm iarrtais
11. Stiùireadh buidseit agus cosgaisean ruigsinneachd
12. Dè nì mi ma bhios ceist agam?

1. Cuideachadh le tagradh

Tha sinn airson am pròiseas tagraidh dhan phrògram Drochaid Chultarail a dhèanamh furasta do gach buidheann a tha airson tagradh a dhèanamh. Ma bhios taic a dhìth oirbh gus tagradh a dhèanamh, tha grunn dhòighean againn gus ur cuideachadh.

Gheibhear an stiùireadh ann an cruthan ruigsinneach, leabhran PDF agus Teacsa Lom nam measg. Ma tha cruth eile a dhìth oirbh feuchaibh an [cuir sibh fios thugainn](#).

Tha ar stiùirichean prògraim, san RA agus sa Ghearmailt rim faotainn gus taic a chumail ri tagraichean a thaobh ceistean a dh'fhaodadh a bhith aca mun stiùireadh no mu bhith a' dèanamh tagradh - faicibh earrann 12 airson fiosrachadh conaltraidh. Tha Ceistean Cumanta againn air an làraich-lìn againn.

Faodaidh sinn cuideachadh le cuid de chosgaisean ruigsinneachd ceangailte ris an obair mum bheileas a' tagradh - faicibh earrann 11 airson tuilleadh fiosrachaidh.

2. Mun mhaoin

Tha Drochaid Chultarail ag amas air taic a chumail ri buidhnean ealain is cultair air feadh na RA agus na Gearmailt gus com-pàirteachasan a chruthachadh co-cheangailte ris na h-ealainean sòisealta.

Tha sinn a' maoinachadh bhuidhnean a nochdas deamocrasaidh cultarach tro:

- *choimhearsnachdan a chur aig cridhe an cuid obrach chruthachail*

- *dhòighean ùra a rannsachadh gus ealain agus coimhearsnachd a cheangal, gu h-àraidh le co-chruthachadh eadar coimhearsnachdan, luchd-ealain agus com-pàirtichean eile*
- *thaic a chur ri daoine bho air feadh an coimhearsnachdan gus an comas cruthachaidh a leasachadh agus an guthan fa leth a lorg*
- *chomas a thoirt do an coimhearsnachdan obrachadh còmhla gus cruth a chur air àite ionadail, fèin-aithne co-roinnte agus comas le chèile*

Le bhith a' cur an comas cheanglaichean ùra agus cheanglaichean a th' ann mar-thà, tha an Drochaid Chultarail a' toirt taic do lionra a tha a' sìor fhàs de bhuidhnean a tha dealasach a thaobh a bhith a' co-roinn eòlas agus sgilean, ag iomlaid bheachdan agus a' co-obrachadh air cleachdaidhean agus pròiseactan ealain a bhios a' sgrùdadh chuspairean agus chùisean a tha mu choinneamh choimhearsnachdan air feadh an dà dhùthaich.

Tha Drochaid Chultarail ag amas air dòighean com-pàirteachail a chruthachadh thar caochladh seòrsa ealain agus mar fhreagairt do aon no barrachd de chuspairean a' phrògram **cuspairean co-cheangailte ri àite**:

- Spionnadh ùr a chur ann an àitichean/coimhearsnachdan an dèidh gnìomhachasan troma falbh
- A' cur ri com-pàirteachadh cultarach ann an àiteachan le nas lugha de chothroman
- A' coimhead air àiteachan agus coimhearsnachdan a chaidh atharrachadh le iomairtean sluaigh
- Brìgh ùr a chur ann an cleachdadh àrainnean poblach

Tha taic-airgid aig a' phrògram Drochaid Chultarail bho sheachd com-pàirtichean: Fonds Soziokultur, Comhairle Ealain Shasainn, Comhairle Ealain Èirinn a Tuath, Alba Chruthachail, Ealain na Cuimrigh Eadar-nàiseanta, Comhairle Bhreatainn agus Goethe-Institut Lunnainn.

Tha Drochaid Chultarail air taic a chumail ri 35 com-pàirteachasan gu ruige seo, le 42 duaisean air an toirt seachad, bhon bhliadhna pileit aice ann an 2021. Tha com-pàirteachasan a' coimhead air diofar chuspairean agus cruthan ealain, a' gabhail a-steach obair òigridh, ion-ghabhaltachd, slàinte is sunnd, cùisean sòisea-phoilitigeach, àrainneachdail agus ruigsinneachd ann an sgìrean dùthchail. Faodar coimhead air na com-pàirteachasan làithreach agus na com-pàirteachasan a fhuair maoinachadh roimhe air an làraich-lìn againn [an seo](#).

Nithear co-dhùnaidhean maoinachaidh a rèir riaghaltasan na maoinne agus bithear ag amas air gabhail a-steach iomadachd chultarach agus sgìreil an dà chuid sa Ghearmailt agus san RA.

3. Cò a dh'fhaodas tagradh a dhèanamh?

Gus a bhith airidh, **feumaidh** tagraichean a bhith:

- Nam buidhnean* a tha stèidhichte taobh a-staigh na RA no na Gearmailt
- Comasach air dearbhadh gu bheil iad sgileil ann an ealainean sòisealta, ag obair còmhla ri coimhearsnachdan

Tha an Drochaid Chultarail fosgailte gu gach seòrsa cruth-ealain agus bheir i **prìomhachas** do thaic airson:

- Buidhnean ealain is cultarach nas lugha nach eil a' faighinn maoineachadh mòr no seasmhach mar-thà
- Buidhnean a bheir cumhachd do choimhearsnachdan ionadail tron obair chruthachail aca
- Buidhnean le obair a tha a rèir amasan agus cuspairean stèidhichte air àite aig a' phrògram againn
- Buidhnean a tha a' brosnachadh cothromas, iomadachd agus ion-ghabhail tron cheannardas is chleachdadh aca

Feumaidh com-pàirtichean a bhith dà-thaobhach, a' gabhail a-steach co-dhiù aon chom-pàirtiche Gearmailteach agus aon às an RA, à tè de na ceithir dùthchannan: Sasainn, Èirinn a Tuath, Alba agus a' Chuimrigh.

Chan fhaod buidhnean ach a bhith an lùib aon thagraidh com-pàirteachais a-mhàin. Ma nì buidheann barrachd air aon tagradh, tha e coltach gum measar tagraidhean ceangailte neo-fhreagarrach.

Bidh taic ann, ron ìre tagraidh, gus ceanglaichean eadar buidhnean na RA agus na Gearmailt a tha ag iarraidh com-pàirtiche a lorg leis an dèan iad tagradh airson Sreath 1 den phrògram.

Tha am prògram Drochaid Chultarail dealasach a thaobh a bhith a' brosnachadh lìonra le cothromas, iomadachd agus ion-ghabhailteachd. Bu chòir dhan obair dhan toirt sinn taic, agus feachd-obrach nam buidheann ealain agus cultar a mhaoinicheas sinn, iomadachd na RA agus na Gearmailt a nochdadh.

*'S e a tha 'buidheann' a' ciallachadh dhuinne cruinneachadh de dhaoine a tha ag obair a chum chinn-uidhe choitcheinn le riaghailtean sgrìobhte. 'S e aonta laghail a th' ann an sgrìobhainn riaghlaidh a tha a' mìneachadh dè an t-amas a chaidh a' bhuidheann agaibh a stèidheachadh gus coileanadh, agus mar a dh'obraicheas i, agus bu chòir dha a bhith a' gabhail a-steach an t-seòrsa obrach a th' anns an tagradh.

Mar eisimpleir san RA dh'fhaodadh a' bhuidheann agad a bhith na carthannas, na comann saor-thoileach clàraichte, na companaidh earranta (neo-phrothaideach) no na bhuidheann/co-chruinneachaidh neo-chorporra.

Sa Ghearmailt, dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach e.V., gGmbH, gUG, Gbr no Künstler*innen-Kollektiv no Kultur-Initiative.

Feumaidh cunntas banca a bhith aig buidhinn ann an ainm na buidhne, le co-dhiù dà shoidhniche (daoine le cead seicichean a shoidhneadh).

4. Cò nach fhaod tagradh a dhèanamh?

Chan urrainn dhuinn iarrtasan a ghabhail bho:

- Luchd-ealain no cleachdaichean fa leth
- Buidhnean a tha stèidhichte taobh a-muigh na RA agus na Gearmailt
- Buidhnean nach dearbhaich gu bheil eachdraidh aca de dh'obair a thaobh ealainean sòisealta ag obair gu dìreach le coimhearsnachdan ionadail
- Lìonraidhean nàiseanta no eadar-nàiseanta no buidhnean ballrachd
- Oilthighean no buidhnean foghlaim eile

5. Cia mheud a tha ri fhaotainn?

Uile gu lèir, tha £360,000 ri fhaotainn do Chuairt 4 den phròiseact (mu €425,000). Thèid am buidseat seo a sgaradh eadar an dà shreath maoineachaidh againn agus thathar a' sùileachadh gun toirear seachad 20 duaisean sa chuairt seo. Tha Sreath 1 airson com-pàirteachasan ùra agus faodaidh tagraichean eadar £5,000 agus £10,000 iarraidh uile gu lèir do gach com-pàirteachas, cho math ri cosgaisean ruigsinneachd phearsanta (dhuibh fhèin) a bharrachd air seo. Chan eil maoineachadh co-fhreagarrach riatanach.

Tha Sreath 2 airson com-pàirteachasan stèidhichte agus faodaidh tagraichean suas ri £30,000 iarraidh uile gu lèir do gach com-pàirteachas, cho math ri cosgaisean ruigsinneachd phearsanta (dhuibh fhèin) a bharrachd air seo. Chan eil maoineachadh co-fhreagarrach a dhìth gu foirmeil, ach tha sinne a' cur taic ri miann com-pàirtichean nas fharsaing a thogail agus teachd-a-steach eile a shireadh, eadar airgead is cuideachadh eile, gus amasan a' chom-pàirteachais agaibh a coileanadh.

Tha mìneachadh a bharrachd air an dà Shreath ann an earrann 6.

6. Cò air a ghabhas a' mhaoin a chleachdadh?

Faodaidh iarrtasan a bhith airson gnìomhachd làthaireil, dhidseatach no measgaichte.

Bidh an Drochaid Chultarail a' maoineachadh buidhnean a tha ag obair thairis air gach seòrsa cruth-ealain, a' gabhail a-steach dannsa, tèatar, litreachas, na h-ealainean lèirsinneach, ceòl, meadhanan cruthachail, gnothaichean air a' bhlàr a-muigh is eile.

Is e aon de na prìomh shlatan-tomhais ion-roghnachd airson na maoinne gum feum ealainean sòisealta, ag obair còmhla ri coimhearsnachdan, a bhith aig cridhe prògram cruthachail agus/no cleachdadh na buidhne agaibh.

Thèid iarraidh air tagraichean freagairt air aon no barrachd de na cuspairean againn a thaobh àite:

- Spionnadh ùr a chur ann an àitichean/coimhearsnachdan an dèidh gnìomhachasan troma falbh
- A' cur ri com-pàirteachadh cultarach ann an àiteachan le nas lugha de chothroman
- A' coimhead air àiteachan agus coimhearsnachdan a chaidh atharrachadh le iomairtean sluaigh
- Brìgh ùr a chur ann an cleachdadh àrainnean poblach

Tha dà shreath mhaoineachaidh ann am prògram na Drochaid Cultaraich:

Sreath 1: Iomlaid cleachdaidh agus a' togail chom-pàirteachasan <u>ùra</u>	
<p>Tha Sreath 1 ann gus taic a chumail ri cruthachadh com-pàirteachasan ùra eadar buidhnean ealain is cultarach san RA agus sa Ghearmailt. Cha bhi dùil againn ri toradh taisbeanaidh/ealain bho obair ann an Sreath 1. Gabhaidh maoineachadh a chleachdadh airson:</p> <ul style="list-style-type: none"> - Leasachadh com-pàirteachais - Iomlaidean - Muinntireas - Co-chruthachadh - Lìonrachadh 	
Mar eisimpleir:	<ul style="list-style-type: none"> - <i>Co-chruthachadh pròiseas no cleachdadh buidhne</i> - <i>Iomlaid luchd-cleachdaidh cruthachail gus ionnsachadh a cho-roinn, dàimhean ùra a chruthachadh agus dòighean-obrach ùr-ghnàthach a sgrùdadh</i> - <i>A' feuchainn eisimpleirean ùra air obair le coimhearsnachdan gus freagairtean ùra agus adhartach a nochdadh do chom-pàirteachadh sòisealta tro obair chruthachail</i>

Sreath 2: Co-chruthachadh agus libhrigeadh pròiseict airson com-pàirteachasan stèidhichte

Tha Sreath 2 airson taic a chumail ri obair leasachaidh a bharrachd air com-pàirteachasan, far a bheil eòlas aig buidhnean mar-thà air a bhith ag obair còmhla. Feumaidh gach moladh pròiseict Sreath 2 a bhith a' gabhail a-steach com-pàirteachadh dìreach le coimhearsnachdan. Gabhaidh maoinachadh a chleachdadh airson:

Mar eisimpleir:

- *A' co-chruthachadh le coimhearsnachdan cuimsichte, a' rannsachadh dòighean ùra air na h-ealainean agus coimhearsnachd a cheangal*
- *Co-chruthachadh agus sgaoileadh mhodailean cleachdaidh ealain a fhreagras air feumalachdan no dùbhlain làithreach taobh a-staigh choimhearsnachdan ionadail*
- *Co-libhrigeadh cleachdadh ùr-ghnàthach a tha a' brosnachadh eadar-obrachadh sòisealta agus deasbad le daoine fa leth, coimhearsnachdan, agus ionadan ann an cruthachadh ealain com-pàirteachail*
- *Libhrigeadh pròiseict co-obrachail gus dòigh-obrach ùr a chruthachadh agus a lìomhachadh a thaobh conaltradh coimhearsnachd, às dèidh na ciad ìre rannsachaidh*

7. Cò air nach fhaodar tagradh a dhèanamh

- Dèanadas nach eil co-cheangailte ris na h-ealainean
- Obair nach buin ri na h-ealainean no ri leasachadh ealainean sòisealta agus com-pàirteachas cultarach le saoranaich
- A' leantainn air adhart le, no ag ath-dhèanamh, pròiseact iomlaid, prògram no gnìomhachd coileanaidh a th' ann mar-thà
- Pròiseactan a bhios a' gabhail àite no a' tòiseachadh ron Ghearran 2025, mura aontaichear an caochladh
- Cosgaisean/gnìomhachd a tha fo mhaoineachadh eile mar-thà
- Cosgaisean coitcheann ruithe agus rianachd a tha gam pàigheadh le teachd a-steach eile, a' gabhail a-steach nam maoinean agaibh fhèin
- Gnìomhan gus airgead a thogail no gus prothaid a dhèanamh
- Cosgaisean rianachd leantainneach a' buntainn ri uidheam no togalaich, leithid àrachais is cosgaisean obair-ghlèidhidh
- Ceannach susbainteach de sho-mhaoin no tasgadh - faicibh earrann 11 airson stiùireadh buidseit

Glèidhidh sinn a' chòir nas lugha de mhaoin a thabhann far a bheil coltas ann gu bheil na cosgaisean mì-fhreagarrach no mì-reusanta.

8. Ciamar agus cuine a nithear tagradh?

Maoin a' fosgladh: Dimàirt 15mh Dàmhair 2024

Ceann-là tagraidh: Diluain 26mh Samhain 2024

Co-dhùnaidhean: ro 31 Faoilleach 2025

Gnìomh a' tòiseachadh: bho 1 Giblean 2025.

Gnìomh a' crìochnachadh: ro 31^{mh} Màrt 2026

Nuair a dh'fhosglas a' mhaoin, thèid ceangal ris a' bhileig tagraidh beò air an làraich-lìn againn: cultural-bridge.info. Thèid iarraidh oirbh pròiseas clàraidh goirid a lìonadh mus faigh sibh cothrom air na foirmean tagraidh airson Sreath 1 agus Sreath 2.

Iarrar air gach com-pàirteachas prìomh bhuidheann-stiùiridh ainmeachadh mar phàirt den tagradh aca. Faodaidh am prìomh chom-pàirtiche a bhith às a' Ghearmailt no à tè de na ceithir dùthchannan san RA agus bidh iad mar phrìomh luchd-conaltraidh às leth a' chom-pàirteachais airson conaltradh.

Bu chòir do chom-pàirtichean obrachadh còmhla gus an tagraidh a lìonadh - faicibh earrannan 10 is 11 airson ceistean an tagraidh agus airson stiùireadh buidseit.

9. Ciamar a thèid tagraidhean a mheasadh?

An toiseach, sgrùdaichear an tagradh agaibh feuch a bheil e freagarrach. Feuch gun dèan sibh cinnteach gu bheil sibh fhèin, ur n-obair agus com-pàirtichean freagarrach dhan mhaoin seo – faicibh earrainn 3 agus 4 (Cò dh'fhaodas/nach fhaod tagradh a dhèanamh?) agus earrainnean 6 agus 7 (Cò air a ghabhas/nach gabh maoin a chleachdadh).

Aon uair is gun dearbhar freagarrachd, measar an tagradh le diùraidh de dh'eòlaichean neo-eisimeileach, le riochdairean Gearmailteach agus RA air an ainmeachadh le com-pàirtichean maoin Drochaid Chultaraich.

Breithnichidh an diùraidh air an tagradh a rèir nan ceithir slatan-tomhais a leanas:

1. An Com-pàirteachas

- feallsanachd airson a bhith a' taghadh chom-pàirtichean a thaobh misean, eòlas agus eachdraidh na buidhne de dh'ealainean sòisealta

- comas airson co-ionnsachadh agus airson a bhith a' leasachadh cleachdadh

2. Làimhseachadh obrach

- cho soilleir 's a tha amasan na h-obrach
- àrd-amasachd agus comas airson ùr-ghnàthachadh, m.e. a bhith a' rannsachadh no a' cruthachadh dòigh-obrach ùr no eadar-dhealaichte, a bhith a' ruigsinn choimhearsnachdan ùra
- cho math 's a tha an moladh a' co-thaobhadh ri aon no barrachd de chuspairean na Drochaid Cultaraich stèidhichte air àite

3. Buannachdan/buaidh a dh'fhaodadh a bhith ann

- neart na buannachd a dh'fhaodadh a bhith ann do bhuidhnean luchd-ealain/iomlaid
- an ìre 's gu bheil a' ghnìomhachd dualtach cuideachadh le bhith a' cur aghaidh air cùisean sòisealta no dùbhlain do choimhearsnachdan ionadail, aig an àm seo no san àm ri teachd
- cho soilleir 's a tha an dòigh-obrach a thaobh measadh m.e. dòighean-obrach gus cinn-ùidhe ionnsachaidh a mheasadh, a ghlacadh agus a cho-roinn

4. A' stiùireadh na h-obrach, a' gabhail a-steach clàr-ama agus buidseat

- cho iomchaidh a tha an t-iarrtas maoinachaidh, na cìsean agus cosgaisean nan gnìomhan
- cho math 's a tha càileachd a' phlanaidh, a' gabhail a-steach clàr-ama is stiùireadh nan gnìomhan is a' bhuidseit

Tomhaisear tagraidhean a rèir nan ceithir slatan-tomhais. Bruidhnidh an diùraidh air na tagraidhean agus comharran gu lèir aig a' choinneimh co-dhùnaidh. Nan cuid breithneachadh a thaobh nan duaisean deireannach, cothromaichidh buill tabhartasan le a bhith toirt fa-near dha:

- Iomadachd chultarach
- Iomadachd sgìreil, a' gabhail a-steach com-pàirteachasan obrach a chothromachadh air feadh na Gearmailt agus gach tè de na ceithir dùthchannan san RA – Sasainn, Èireann a Tuath, Alba agus a' Chuimrigh

Mas e is gum faigh sinn tuilleadh thagraidhean na bhathas a' sùileachadh, glèidhidh sinn a' chòir cuairt criathrachaidh a bharrachd a thoirt a-steach, san t-suidheachadh seo chan fhaigh ach na tagraidhean as motha a gheibh comharran troimhe fa chomhair breithneachadh an diùraidh.

Air sgàth uiread de thagraichean a thathar a' sùileachadh a thig agus comasan cuingichte ar diùraidh, chan fhaigh sinn air beachdan mionaideach a thoirt mu thagraidhean neo-shoirbheachail dhan phrògram seo.

Gheibh tagraichean soirbheachail fios ro 31 Faoilleach 2025, agus aontaichear clàran-ama thabhartasan agus maoineachaidh mus tòisich am prògram.

Mar phàirt den aonta maoineachaidh agaibh, bidh sinn cuideachd ag iarraidh oirbh ur cuid ionnsachaidh a sgaoileadh: tuigse agus eòlas ùr bho obair còmhla ri càch ann an Drochaid Chultarail agus nas fhollaisiche le tabhartasan dar conaltradh prògram agus stuthan eile. Iarraidh sinn oirbh cuideachd cuir ri obair measaidh ro agus an dèidh ceann-latha deireannaich na gnìomhachd maoinichte.

10. A' lìonadh an fhoirm iarrtais

'S e na leanas geàrr-chunntas den fhoirm iarrtais agus na ceistean a thèid iarraidh oirbh lìonadh san fhoirm tagraidh air-loidhne.

Cleachdaibh na ceistean seo mar stiùireadh tùsail, dh'fhaodte gun tèid atharrachaidhean beaga a dhèanamh air na ceistean air an fhoirm iarrtais suas ri latha fosglaidh na maoin.

An com-pàirteachas agaibh

- Mar chom-pàirteachas ùr (Sreath 1), no stèidhichte (Sreath 2), innsibh dhuinn carson a tha na buidhnean agaibh air co-dhùnadh obrachadh còmhla? *M.e. Nur beachd, dè as urrainn dhuibh ionnsachadh bho chàch a chèile agus ciamar a chitheadh sibh an dàimh a' tighinn air adhart san àm ri teachd.* (300 facal)
- Innsibh dhuinn mu dheidhinn eachdraidh an dà bhuidhinn a thaobh obair ealain shòisealta? (250 facal)
- Cò na daoine no na coimhearsnachdan ionadail leis a bheil na buidhnean agaibh an sàs as motha agus carson? (150 facal)

An làimhseachadh obrach agaibh

- Innsibh dhuinn dè a tha sibh a' cur romhaibh a dhèanamh, a' gabhail a-steach cò leis, càit is cuin? A bheil coltas ann gum bi an obair aghaidh-ri-aghaidh, didsiteach no measgaichte? (300 facal)
- Dè an dòigh sa bheil a' ghnìomhachd gur cuideachadh gus rudeigin ùr fheuchainn? *M.e. dòigh-obrach ùr no eadar-dhealaichte a rannsachadh no a chruthachadh, obair com-pàirteachaidh a dhèanamh ann an coimhearsnachdan ùra no freagairt a thoirt air chùisean no dùbhlain sòisealta làithreach.* (250 facal)
- Sònraichibh dè an cuspair/na cuspairean co-cheangailte ri àite aig an Drochaid Chultarail leis a bheil ur gnìomhachd a' co-thaobhadh as fheàrr agus ciamar? (100 facal)

Buaidh na h-obrach agaibh

- A' smaoinichadh mu na buidhnean agaibh agus mu na coimhearsnachd leis am bi sibh ag obair, dè na buannachdan no buaidh shònraichte a tha sibh a' sùileachadh bhon obair seo, aig an àm seo no san àm ri teachd? *M.e., buannachdan do luchd-ealain ionadail, buaidh air iomadachd riochdachaidh no co-leanailteachd coimhearsnachd.* (300 facal)
- Innsibh dhuinn mar a nì sibh measadh air, agus mar a cho-roinneas sibh, ur cuid ionnsachaidh, a' gabhail a-steach fios mu na dòighean-obrach a chleadas sibh gus dèanamh cinnteach gu bheil diofar sheallaidhean ann? (250 facal)

Stiùireadh ur n-obrach

- Nach innis sibh dhuinn ciamar a stiùireas sibh ur n-obair sa chom-pàirteachas, mar eisimpleir, ciamar a roinneas sibh eadar com-pàirtichean RA agus Gearmailteach? (150 facal)
- An loidhne-tìmh agaibh - cleachdaibh an clàr gus cunntas a thoirt air na prìomh ìrean agus gnìomhan airson na h-obrach com-pàirteachais agaibh, a' gabhail a-steach: cinn-latha tòiseachaidh is crìochnachaidh, mion-fhiosrachadh na gnìomhachd, àite agus neach-stiùiridh.
[M.e. dh'fhaodadh prìomh ìrean agus gnìomhan a bhith a' gabhail a-steach planadh, rannsachadh, siubhal, libhrigeadh bùth-obrach no tachartas agus coinneamhan measaidh. Tha sinn a' tuigsinn gum faodadh cinn-latha atharrachadh.]
- Ur buidseit - innsibh sibh dhuinn dè na tha sibh ag iarraidh bhuainn gu lèir ann an £, a' gabhail a-steach cosgaisean ruigsinneachd pearsanta sam bith (faicibh earrann 11) a dh'fhaodas a bhith a thuilleadh air ionmhas ur n-obrach.
- Innsibh dhuinn ciamar a chumas sibh rian air a' mhaoin a thathar a' sireadh, a' gabhail a-steach fiosrachadh mu cò a bhios a' stiùireadh ur buidseit? (150 facal)

11. Stiùireadh Buidseit agus cosgaisean ruigsinneachd

Airson iarrtasan **Sreath 1**, iarraidh sinn oirbh clàr a lìonadh a-steach do gach com-pàirtiche ag aithris air caitheamh ionmhais dhan obair agaibh. Thèid iarraidh oirbh an seòrsa cosgais a shònrachadh a' cleachdadh nan roinnean a leanas, tuairisgeul, a' gabhail a-steach àireamhachadh cosgais agus suim.

- Tuarastailean no pàighidhean* do luchd-ealain no luchd-cruthachail a tha an sàs

- Cosgaisean ealain no cruthachail eile, leithid rannsachadh, glèidheadh didsiteach
- Màil no ceannach*, leithid ionad, stuthan no uidheamachd
- Margaidheachd agus leasachadh sluaghan-amhairc
- Cosgaisean ruigsinneachd* m.e., pearsanta agus/no co-cheangailte ri gnìomhan
- Siubhal* agus àite-fuirich
- Cosgaisean rianachd* m.e. àrachas, bileagan siubhail m.s.a.a.
- Caitheamh airgid eile* m.e., tuiteamas

Airson iarrtasan **Sreath 2**, iarraidh sinn oirbh ur buidseat a nochdadh ann an clàr Excel air leth le làn chunntas air teachd-a-steach obrach (far a bheil e iomchaidh) agus caitheamh-airgid nan com-pàirtichean Gearmailteach agus RA air a' phròiseact. Gheibhear fiosrachadh a barrachd air teachd a-steach bho mhaoineachadh co-ionannan ann an earrann 11.1.

Iarraidh sinn oirbh tabaichean eadar-dhealaichte a chleachdadh anns a' chlàr gus cunntasan-ionmhais nan com-pàirtichean Gearmailteach agus RA a thaisbeanadh air leth, ann an £ no € a rèir na tha iomchaidh.

Far a bheil e comasach, bu chòir do bhuidseatan nan com-pàirtichean uile a bhith co-ionann a thaobh a' mhaoineachaidh a chaidh a bhuileachadh.

Thoiribh fa-near do 'Cò air nach fhaodar tagradh a dhèanamh' ann an earrann 7.

* **Tuarastail no pàigheadh**

Bu chòir pàigheadh do luchd-ealain agus proifeiseantaich a bhios an sàs nur n-obair a bhith sa bhuidseat agaibh. Tha sinn dealasach a thaobh pàigheadh cothromach do na daoine a tha ag obair ann an cultar agus cruthachalachd agus tha sinn an dùil gun dèan sibh cinnteach gum bi ìrean tuarastail luchd-ealain agus proifeiseantaich nur n-obair (sibh fhèin cuideachd) a rèir no nas fheàrr na ìrean de shamhail sa ghnìomhachas. Cuideachd a' toirt feart air eòlas agus sgilean, seòrsa obrach agus cho fada agus a mhaireas i.

***Màil no ceannach**

Ma dh'fheumas sibh stuthan no uidheamachd (buannachd) a cheannach bu chòir dhuibh na cosgaisean a ghabhail sa chunntas agus innse man deidhinn san raon mìneachaidh. Chan e ceannach stuth prìomh adhbhar a' phrògraim, ach tuigidh sinn gur dòcha gum feum sibh cuid de rudan a cheannach gus an obair a choileanadh.

Mar phàirt de na deuchainnean freagarrachd againn nì sinn co-dhùnadh a bheil ceannachd stuthan sam bith a mholar iomchaidh. A thaobh buidhnean Gearmailteach, cha bu chòir ceannach tasgaidh/stuth a bhith tuilleadh air 800 Euro (glan).

***Cosgaisean ruigsinneachd**

'S e cosgaisean inntrigidh cosgaisean neo-ealanta a tha ag amas air bacaidhean ro chom-pàirteachadh a thoirt air falbh bho bhith a' gabhail pàirt dhuibh fhèin, do chuideigin leis a bheilear ag obair no a thathar a' fastadh, no do chom-pàirtichean no luchd-amhairc a' dol an sàs anns a' ghnìomhachd Drochaid Chultarail agaibh.

Tha dà sheòrsa cosgais inntrigidh ann:

Cosgaisean ruigsinneachd pearsanta (air an taobh a-staigh)

Ma tha sibhse, mar phrìomh neach-stiùiridh na buidhne, no neach sam bith sa phrìomh sgioba de dhaoine leis a bheil sibh a' lìbhrigeadh na gnìomhachd Bodhar, ciorramach, iomasgarachd-niùro no ma tha suidheachadh slàinte fad-ùine aca/agaibh, dh'fhaodadh cosgaisean a bharrachd a bhith ann co-cheangailte ris na feumalachdan ruigsinneachd agaibh no aca cuideachadh le bhith a' lìbhrigeadh gnìomhachd Drochaid Chultarail.

Mar eisimpleir:

- neach-mìneachaidh cànan soidhnidh
- uidheamachd no bathar-bog sònraichte
- cosgaisean siubhail a bharrachd
- neach-cuideachaidh Pearsanta do neach le ciorram

Thoiribh an aire nach e liosta iomlan a tha seo, agus gum bu chòir dhuibh innse dè tha dhìth gus an dèanadas a choileanadh.

Làimhsichear Cosgaisean Ruigsinneachd Pearsanta air leth bho ur prìomh bhuidseat phrògram. Faodaidh na cosgaisean sin a bhith nas àirde na an t-iarrtas maoinachaidh iomlan agaibh agus dh'fhaodadh gun toir iad do bhuidseit os cionn crìoch maoinachaidh an t-Sreath.

Far an iarrar cosgaisean ruigsinneachd pearsanta, iarraidh sinn ort barrachd mion-fhiosrachaidh a thoirt seachad san fhoirm-iarrtais, a' gabhail a-steach briseadh sìos air na cosgaisean a tha na lùib agus mar a thèid an cleachdadh.

Cosgaisean Ruigsinneachd nan Gnìomhan

Bu chòir na cosgaisean ruigsinneachd eile co-cheangailte ris a' ghnìomh agaibh a bhith an lùib a' phrìomh bhuidseit agaibh.

Faodaidh seo a bhith a' gabhail a-steach cosgaisean sam bith airson ur gnìomhachd a dhèanamh ruigsinneach do luchd-èisteachd poblach, com-pàirtichean agus luchd-ealain, m.e. eadar-mhìneachairean airson tachartasan, agus cosgaisean co-cheangailte ri cùram-chloinne agus dleastanasan cùraim eile far a bheil e coltach nach biodh e comasach dhuibh na gnìomhan planaichte a dhèanamh gun an taic seo.

***Siubhal**

Ma ghabhas e dèanamh, smaoinichibh air siubhal seasmhach: gluasadachd a tha a' cleachdadh modhan còmhdhail beag-eimisein no gun eimiseanan, m.e.

trèanaichean no busaichean, a' gabhail a-steach carbadan tar-chinealach is dealain (EV).

Gabhaidh cosgaisean do thagraichean Gearmailteach obrachadh a-mach a rèir riaghailtean nàiseanta nan cosgaisean siubhail: 'Bundesreisekostengesetz'.

*Cosgaisean rianachd

Faodaidh tagraichean san RA cur a dh'iarraidh cosgaisean rianachd a bhuineas gu dìreach ris an obair dam bheileas ag iarraidh taic bhuainn – leithid pàigheadh luchd-obrach, cosgaisean fòn, post agus àrachas. Faodar tagradh a dhèanamh mu choinneamh nan cosgaisean rianachd leantainneach mura h-eil airgead gu leòr dhaibh à maoinachadh eile.

A thaobh tagraichean Gearmailteach cha bhi taic ann ach do chosgaisean obrach dìreach agus feumar seo a dhearbhadh san aithris dheireannach. Feumar na cosgaisean uile a dhaingneachadh le cuidhteasan.

*Caitheamh airgid eile

Faodaidh cosgaisean fon ainm cosgaisean eile a bhith sna bhuidseat agaibh do dh'obair nach eil fo aithris eile, ge-tà bu chòir dhuibh cunntas soilleir mu dè a tha anns a' chaitheamh-airgid seo a shealltainn. Faodaidh suim a bhith an cois seo do chosgaisean ris nach robh dùil (cosgaisean gun fhiosta).

Tuigidh sinn gur dòcha gum feumar atharraichean a dhèanamh a thaobh ur cosgaisean obrach tron ùine lìbhrigeadh, ach feumar atharraichean susbainteach aontachadh leis a' bhuidhinn-stiùiridh sa RA no sa Ghearmailt.

Thoiribh an aire gun tèid duaisean maoinachaidh a phàigheadh air leth do bhuidhnean san RA agus sa Ghearmailt taobh a-staigh gach com-pàirteachais. Gheibh buidhnean stèidhichte san RA an cuid den duais gu dìreach bho Goethe-Institut London agus gheibh an fheadhainn stèidhichte sa Ghearmailt an cuid bho Fonds Soziokultur. Bu chòir dhan t-suim a bhith ga roinn cho co-ionann 's a ghabhas, chan fhaigh aon chom-pàirtiche an t-airgead gu lèir.

11.1 Riaghailtean airson Maoineachadh Co-fhreagarrach airson Shreath 2:

Chan eil maoineachadh co-fhreagarrach a dhìth gu h-oifigeil, ach tha sinne a' cur taic ri miann com-pàirtichean nas fharsaing a thogail agus teachd-a-steach eile a shireadh, eadar airgead is cuideachadh eile, gus amasan com-pàirteachais a coileanadh.

Mura h-eil dùil agaibh maoineachadh co-fhreagarrach iarraidh, a thaobh cuideachadh no airgead cruaidh, bu chòir ur buidseit a bhith a' gabhail a-steach cosgaisean iomlan na h-obrach dam bheil sibh a' tagradh, suas gu crìoch àrd an t-sreath (£30,000), agus le cosgaisean ruigsinneachd pearsanta sam bith.

Ma dh'innseas sibh gu bheil sibh a' sireadh maoin eachadh co-fhreagarrach, beachdaichidh sinn air ur tagradh mar thabhartas a dh'ionnsaidh cosgaisean iomlan ur n-obrach com-pàirteachail agus bu chòir ur tagradh agus clàr-chosgaisean a bhith a rèir seo, le maoin na Drochaid Cultaraich ga taisbeanadh mar earrainn de theachd-a-steach iomlan a' phròiseict.

Bu chòir airgead no cuideachadh co-fhreagarrach sam bith eile a mhìneachadh sa bhuidseat teachd-a-steach le fios dè an ìre aig a bheil sibh a thaobh an ionmhais a bharrachd fhaighinn, leithid: fo dheasbad, dùil ris, dearbhte.

Innsibh dhuinn mu theachd-a-steach ur pròiseict fo na cinn teachd-a-steach, mar eisimpleir:

- Teachd a-steach air a chosnadh - teachd-a-steach sam bith a gheibhear bhon obair (leithid reic tiocaidean, cosgaisean bùithtean-obrach no reic obraichean no foillseachain).
- Maoin phoblach eile - maoin sam bith a fhuaras no a dh'iarradh bho bhuidheann phoblach sam bith eile. Thoiribh dhuinn ainm gach buidhne agus an t-suim.

Do thagraichean Gearmailteach: thoiribh an aire nach eil co-mhaoineachadh le stòr sam bith eile stèidhichte air maoin eachadh Die Beauftragte der Bundesregierung für Kultur und Medien, BKM ion-roghnach.

- Teachd a-steach prìobhaideach - teachd a-steach sam bith bho thùsan prìobhaideach, leithid bhuaibh fhèin no bhon bhuidhinn agaibh, tiodhlacan no tabhartasan bho urrasan agus fonndasan no sluagh-mhaoineachadh.
- Taic neo-airgeadach- stuthan no seirbhisean air am feumadh sibh pàigheadh ach a bheirear an-asgaidh no nas saoire.

Bu chòir ur buidseat, teachd a-steach agus caiteachas a bhith cothromach. Measaidh sinn neart ur cunntasan a' cleachdadh ur n-àireamhan agus ur mìneachaidhean.

12. Dè nì mi ma bhios ceist agam?

Dèanaibh cinnteach gu bheil sibh air an stiùireadh a leughadh gu h-iomlan agus gu bheil sibh air na Ceistean Cumanta air an làraich-lìn againn a sgrùdadh mus cuir sibh fios gu ball de sgioba a' phrògraim.

<p><i>Cuiridh buidhnean san RA fios gu</i></p> <p>Lorna Palmer Manaidsear a' Phrògraim Drochaid Chultarail contact@cultural-bridge.info 07515 191 979</p>	<p><i>Cuiridh buidhnean sa Ghearmailt fios gu</i></p> <p>Silvia Bonadiman Leasachadh Prògraim Fonds Soziokultur e.V. bonadiman@fonds-soziokultur.de 02 28 - 97 144 79-15</p>
--	---